

Di Mairt, 6 Faoilleach, 2004

Gaelic Unit
Area 1-A
Sport, the Arts and Culture, SEED
Victoria Quay
Edinburgh EH6 6QQ

A Bhuill Pàrlamaid Urramach,

Aig an àm eachdraidheil seo, nuair a tha Pàrlamaid na h-Alba a' beachdachadh air lagh-chruthachadh a chuireas cuid de dhìon air a' Ghàidhlig, bu toil leinn aig *Slighe nan Gaidheal* ar smaointean agus ar taic a thoirt dhuibh.

An seo, air an taobh eile den Chuan Siar chan eil sinn a' faireachdainn gu bheil sinn freagarrach airson beachdan a thoirt air poilisidh dùthchail na h-Alba, neo a bharrachd air gainne airgid co-fharpaiseach ur dùthcha. Ach tha sinn comasach air seallaidhean eadardhealaichte a thoirt dhuibh, agus is ann le ioslachd agus meas a tha sinn gan tairg.

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil iomadh buidheann am beachd nach eil am bile seo laidir gu leòr air an son fhéin. A thuilleadh air an sin tha sinn a' smaoinichadh gu bheil uallach air cuid airson a' chosgais a bhios ann. Bu mhiann leinn cuireadh a thoirt do na daoine a tha gabhail pàirt san deasbad seo aire a thoirt dhan a' chall a thig air Alba mur am mair a' Ghàidhlig.

Chan eil dòigh sam bith ann, agus 's dòcha gur e sin as fheàrr, air prìs a chur air iomadachd cùltar agus cànan, ach a dh'aindeoin sin, feumaidh sinn am faicinn mar mhaoin, mar stòras nadurrach le feum nach eil air a lorg fhathast. Thuig Crùn Shasainn feart na Gàidhlig glé mhath nuair a bhac iad a teagasg leis an Achd Baice ann an 1746. Ach chì sinn nach eil sluagh na h-Alba aonaichte nam beachd fhathast.

Is dòcha gum bi e nas fhasa a sgrùdadh luach nan ghniomhachasan a th'air fàs suas a lionadh an dìth air stuth teagasg, meodhanan, agus cothrom ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus thar a' chuain cuideachd. Is sinn Bòrd Stiùraidh buidhinn le rùn teagasg a' chànain, agus tha deagh fhios againn dé cho mór 's a tha ùidh ar buill air na stuthan seo, agus fàsachd bunanta a' bhuill sin. Chan eil turasachd a' chànain ach a' tòiseachadh, ach tha sinn a' smaoinichadh gum bi e soirbheachail fhathast.

Chan eil sinn nar beachd gu bheil luchd Gàidhlig na h-Alba ag iarraidh dad sam bith air an Riaghaltas aca ach cothrom còir an cànan agus an cùltar a shàbhachadh. Tha sinn a' cur impidh air Pàrlamaid na h-Alba an cothrom sin a thoirt leis an dìon as fheàrr a tha nan comas. Mar a tha fios aig gach oileanach eachdraidh, bha cuid de na tachartasan as cudromaich air gabhail àite nuair a bha daoine a' deanamh an ni a bha ceart ged nach biodh e buanachail aig an àm. Bithidh an oidhirp air a' Ghàidhlig a chumail beò, ma bhios e soirbheachail, na bhuanachd dh'Alba gu lèir agus dhaibhsan aig a tha ùidh anns a' Ghàidhlig air feadh an t-saoghail.

Tha sinn a' guidhe le' r n-uile chridhe gum bi e comasach dhuinn a dhol le' r clann aig am bi a' chànain don dùthaich agaibh gus am faic iad air an son fhéin an stòras as prìseil a th' againn anns a' chànain aca fhéin.

Sinn le meas,

Bòrd Stiùraidh Slighe nan Gaidheal

Kathryn Cole, Ceann-suidhe
Penny McLeod DeGraff, Iar Ceann-suidhe
Pandora Fitzpatrick, Rùnaire
Richard Hill, Oifigear Foghlam na Gàidhlig
Seumas Gagne, Ionmhasair

Kevin McKenzie, Oifigear Ealain na Gaidhealtachd
Judith Peacock Cummings
Margaret MacKinnon
Calum MacKinnon

